

Cuairt-litir na Seirbheis Dualchais – Iris an Fhoghair - An t-Sultain 2021

Taighean-beaga-cèile

Neònach 's gu bheil e, tha na taighean-beaga ann am Museum agus Tasglann nan Eilean air an ainmeachadh mar taighean-beaga-cèile. Tha Taigh-beag nam Ban air a bhith air ainmeachadh mar thaigh-beag-cèile còmhla ri taigh-beag ann am Poblachd Dheamocratach na Congo, agus Taigh-beag nam Fear còmhla ri taigh-beag ann an Hondùras. Tha sinn fortanach anns na h-Eileanan an Iar gu bheil deagh shlàintealachd agus uisge glan againn ri òl. Ach air feadh an t-saoghail tha aon neach a-mach à ceathrar aig nach eil àite sàbhailte, prìobhaideach no slànteachail airson a dhol dhan taigh-beag. Tha pàiste a' bàsachadh gach dà mhionaid bho thinneas co-cheangailte ri cion slàintealachd.

Nuair a thadhaileas sibh, thoiribh sùil air na deilbh de na taighean-beaga-cèile againn. Ma nì sibh feum de na taighean-beaga againne, beachdaichibh air tabhartas fhàgail sa bhogsa sònraichte airson tabhartasan a tha aig fàilteachadh. Cha tèid fiùs an tabhartas as lugha a chur ann an suarachas. Tha na taighean-beaga-cèile againn a' cuideachadh le bochdainn a sguabadh às. Cliog [an seo](#) airson an tuilleadh fiosrachaidh.

Tàileasg Mòr agus Meanbh Chaistealan

Tha Museum agus Tasglann nan Eilean air a bhith làn spòrs agus geamaichean thairis air mìosan an t-samhraidh, taing do mhaoineachadh bho Thaighean-tasgaidh Gailearaidhean Alba mar phàirt den phrògram [Get into Summer](#) aig Riaghaltas na h-Alba. Dh'fhaodadh clann agus òigridh ionadail agus luchd-tadhail tighinn còmhla agus ceangal as ùr a dhèanamh ri feadhainn eile an dèidh ùine cho fada fo ghlas. Chaidh [cur-seachadan spòrsail an-asgaidh dha teaglaichean](#) a thairgsinn do theaghlaidhean a bha a' tadhal air an taigh-tasgaidh. Nam measg dh'fhaodadh iad Meanbh Chaisteal Mòr a thogail, Geamaichean Mòra Tàilìs agus Dàmais, Croquet agus Dominothan Mòra a chluich a-muigh. Tha sinn cuideachd air a bhith a' toirt pasgain Ealain agus Ceàird do chloinn a bha a' tadhal.

Samhradh Spòrsail

Air an t-samhradh seo cuideachd chaidh sinn ann an co-bhuinn le Comann na Gàidhlig a bha a' cur chuirtean gu àiteachan eachdraidheil ionadail air dòigh dha clann [à Leòdhas, Na Hearadh](#) agus [Uibhist](#). Bha seo cuideachd mar phàirt dhen phrògram [Get into Summer](#) agus, ann an dòigh spòrsail, thug e dhaibh mothachadh air buinteanas agus co-theacsa eachdraidheil nan eilean agus an coimhearsnachdan. Shoirbhich gu mòr le [lorg ulaidh](#) dha lorg-phoilis eachdraidh ann an gàrraidhean Caisteal Leòdhais. Bha ar n-Oifigear le Dleastanas Didseatach, maoinichte le [Maoin nan Ealain](#), an sàs ann a bhith a' cumail sheiseanan Taigh-tasgaidh Didseatach, aig an robh clann ag ionnsachadh mar a dhèanach iad [bhidiothan](#) Tiktok, a' cleachdadh nan taisbeanaidhean mar bhrosnachadh.

Cruinneachaidhean Tasglainn

Bho dh'fhosgail [Tasglann nan Eilean](#) tràth san Iuchair tha grunn chruinneachaidhean inntinneach, a bhios gu feum dha luchd-rannsachaidh san àm ri teachd, air a bhith air an tairgsinn dhan tasglann. Nam measg tha:

- Dealbhan-camara de Bharraigh, Miughalaigh, Na Hearadh agus Leòdhas le Raibeart Moyes Adams c. 1938
- Dealbhan-camara de dh'àiteachan eadar-dhealaichte sna h-eileanan le Gus Wylie.
- Dealbhan-camara de sgoilearan, luchd-teagaisg, spòrs, dràma, obair ealain agus tachartasan Sgoil MhicNeacail c. 1969-1975
- Leabhraichean-dhealbha de Bheinn na Faoghla agus Uibhist 1974-1976 leis an teaghlach Baillie
- Slaighdichean de chuirtean a rinn Còmhlan Òigridh na Hearadh (Harris Youth Club) gu diofar àitichean, nam measg Tarasaigh, 1977-1981

Aig an àm seo, thathar a' dèanamh clàir de na cruinneachaidhean ùra agus gan aiseag gu cruthan didseatach. Tha sinn an dòchas gum bi iad rim faicinn air-loidhne ann an ùine nach bi fada.

Cuairt Coiseachd Steòrnabhaigh

Dhuibhse a mhiannaicheadh rannsachadh a dhèanamh air caladh Steòrnabhaigh agus eachdraidh, tha cuairt coiseachd ùr agus duilleachan ùr air an leasachadh fon ainm '[Cuairt Coiseachd Clann-nighean an Sgadain/ The Herring Girls Walking Tour](#)'. Tha e ri fhaighinn airson £2 aig fàilteachadh an taigh-tasgaidh. Chaidh seo a mhaoineachadh mar phàirt den phròiseact Dualchas na Mara, tro Thaighean-tasgaidh Gailearaidhean Alba agus Bòrd na Gàidhlig. Tha ar n-Oifigear le Dleastanas Didseatach a' rannsachadh co-dhiù ghabhadh app a chruthachadh cuideachd.

Pròiseactan Glasaidh Covid

Mar a chaidh aithris cheana, fhad 's a bha sinn dùinte bha ar Luchd-cuideachaidh Luchd-tadhail san Taigh-tasgaidh ag obair air diofar phròiseactan feumail airson ar cruinneachaidhean fhoillseachadh, nam measg [Cruinneachadh Gibson](#). A bharrachd air tar-sgrìobhadh a dhèanamh air ceudan de litrichean inntinneach, a tha air a bhith air am foillseachadh gu cunbhalach air ar bloga, bha luchd-obrach cuideachd a' dèanamh tar-sgrìobhadh air aistean le sgoilearan a bha ann an Sgoil MhicNeacail eadar 1900 agus 1910. Am measg nan cuspairean tha 'A Lewis Country Wedding', 'The Life of the Lewis Crofter's Wife' and 'A Holiday Incident – A Visit to a Shieling'. Tha sinn aig an àm seo a' rannsachadh ciamar as fheàrr a thèid againn air ar cruinneachaidhean priseil fhoillseachadh air ùrlair didseatach. Dha duine sam bith a tha ag iarraidh ro-shealladh, tha earann ghorid bho aon de na h-aistean anns an taisbeanadh [Between Islands](#) againn.

Pasgain Foghlaim Dualchais Rim Faotainn

Tha ar n-Oifigear le Dleastanas Didseatach air pasgain foghlaim dà-chànanach a chur air làrach-lìn an taigh-tasgaidh. Tha iad a' còmhach cuspairean mar Taighean-solais, Ròin agus Lochlannaich. Tha iad rim faotainn san dà chanan agus gabhadh an luchdachadh a-nuas bhon [làrach-lìn](#) againn.

Sùil air Chùl Gnothaich ann an Arc-eòlas

Tha am [Pròiseact Sònraichte](#) air crìoch a chur air 6 de na 9 cruinneachaidhean taghte. Tha na chaidh a lorg ann an còrr air 10 làraich arc-eòlach air feadh nan Eilean Siar annta. Tha seo air càileachd clàraidh a chur am feabhas a chionns gu bheil rian air a chur air dàta ann an dòighean eadar-dhealaichte a rèir gach cruinneachadh mus tàinig e a-steach don taigh-tasgaidh. Cuidichidh seo sinn san àm ri teachd le bhith a' dèanamh nan cruinneachaidhean agus am fiosrachadh mun dèidhinn nas ruigsinniche. Tha am pròiseact cuideachd air cuspairean aithneachadh air am faodadh barrachd rannsachaidh a dhèanamh agus air nithean a lorg a bhuineas do chruinneachaidhean nach robh slàn, mar phàirt de dh'fhurachas dligheach le buidhnean rannsachaidh eile. Chaidh trì Làithean Fosgailte a chumail aig deireadh an Lùnastail agus tha an tuilleadh gan cur air dòigh airson àm ri teachd - faicibh gu h-iseal anns na Tachartasan ri Teachd.

A bheil sgeulachd Covid agad ri innse?

Tha sinn a' tòiseachadh air ar Cruinneachadh Covid a chur air dòigh agus tha sinn air àireamh de dh'eachdraidhean labhairteach a chlàradh. Tha sinn an-dràsta a' sireadh dhaoine a bhiodh gu saor-thoileach dèonach agallamh a dhèanamh mu am fèin-fhiosrachadh air a' mhòr-ghalair. Cuiribh bràth gu shona.maclellan@cne-siar.gov.uk airson an tuilleadh fiosrachaidh.

Ga chumail Laghail & Neo-oilbheumach – agus Furasta a Chleachdadh

Tha an goireas a leigeas le luchd-rannsachaidh beachdan agus ceistean a chur a-steach air leth cudromach do [Hebridean Connections](#). Gu ruige seo, tha dùbhlain air a bhith an lùib na h-eadar-aghaidh bheachdan chionns gu bheil am bathar-bog a thathas a' cleachdadh aig an àm seo air a sholarachadh bho threas pàrtaidh – agus tha a chomas-gnìomh cuibhrichte air dùbhlain teicnigeach adhbhrachadh. Feumaidh sinn a bhith air leth faiceallach gu bheil beachdan laghail agus neo-oilbheumach, a bharrachd air a bhith feumail! Mar eisimpleir, cha bu chòir do bheachdan riaghailtean a thaobh dìon dàta a bhriseadh. Le sin, tha rianadair Hebridean Connections air a bhith trang a' rannsachadh chùisean laghail agus teigniceach, a' dèanamh ceangail le eòlaichean lagh agus IT, airson eadar-aghaidh sònraichte a leasachadh a bheir dhuinn dòigh gu math nas fhasa beachdan a chur a-steach – an dà chuid dha luchd-rannsachaidh agus dha rianadairean.

Tachartasan ri Teachd aig Museum nan Eilean, Caisteal Leòdhais

Disathairne 4 An t-Sultain	11m – 3f	A' comharrachadh Mios Arc-eòlais Alba & Mios Dhorsan Fosgailte
Disathairne 18 An t-Sultain	2 – 4f	Ceòl traidiseanta air a' bhogsa le Stephen Drummond
Diciadain 29 An t-Sultain	11m – 3f	A' comharrachadh Mios Arc-eòlais Alba & Mios Dhorsan Fosgailte
Disathairne 16 An Dàmhair	11m – 3f	A' comharrachadh Mios Arc-eòlais Eadar-nàiseanta
Disathairne 30 An Dàmhair	1:30 -3:30f	Partaidh Shamhna

'The Chessmen Thief'

Fhuair Museum agus Tasglann nan Eilean cuireadh obrachadh ann an co-bhonn le [Leabharlann nan Eilean Siar](#) agus [e-sgoil](#) air tachartas a' cur air bhog leabhar airson sgoiltean air feadh na dùthcha. Am measg na rinn sinn airson cuideachadh bha film den ùghdair, Barbara Henderson, ann an còmhradh ris an tasglannaiche san taigh-

tasgaidh agus i a' mìneachadh carson a bhrosnaich na Fir-tàilìs i, agus an co-theacsa eachdraidheil airson a leabhar cloinne 'The Chessmen Thief', a tha stèidhiche anmoch anns an dàrna linn deug. Chithear am film [an seo](#).

Cruinneachaidhean Foillsichte

Tha e a' toirt toileachais dhuinn innse gu bheil sinn air a bhith soirbheachail le bhith a' faighinn maoinachaidh bho [Bhòrd na Gàidhlig](#) airson pròiseact ùr a nì ar cruinneachadh de chlàraidhean nas ruigsinniche. Tha sinn aig an àm seo a' sanasachadh airson neach-obrach a ghabhas os làimh tar-sgrìobhadh a dhèanamh air na clàraidhean labhairtach a tha againn air teip, a' cruthachadh geàrr-chunntas dà-chànanach dhiubh agus a' sònrachadh tagaichean luirg dhaibh. Obraichidh iad cuideachd gus na cruinneachaidhean Gàidhlig air an làraich-lìn againn a thoirt gu aire dhaoine, ag àrdachadh mothachaidh mun deidhinn agus tro na meadhanan sòisealta.

